

[TD 1]

MARBHRANN

Do'n Urramach NIAL KENNEDIE,
A BHA 'N SGIRE LAGAIDH;
AGUS MAR AN CEUDNA,
Do'n Urramach Mr Domhnall Friseal,
A BHA'N SGIRE CHNOC-MHUIRE.

LE HUISTEAN FRISEAL,
AN SGIRE URRADH.

Inbhirnis:
CLODH-BHUAILTE LE ALASTAIR FRISEAL.

1836.

[TD 2]

[Bàn]

[TD 3]

MARBHRANN

Do'n Urramach NIAL KENNEDIE,
A bha 'n Sgire Lagaidh.

Thainig naigheachd bho thuath oirnn
Chuir fo thurs' so fo ghruaim sinn an tras';
Mar long air na cuaintean,
Fo mhulad, 's fo bhruaidlean air snamh;
'Si gun acfhuinn, gun stiuir oir,
Gun chrann, gun shiuil oir gu h-ard;
Gun ramh, gun iomairt stiuridh,
No fear-iuil bheir gu call' i gu tamh.

'S ionnan sud 's mar a thachair
Ann an Sgire Lagaidh so thall:
Dh' fhalbh a fear stiuridh, 's fear-taice,
'S cha bu leir gus a nis iad an call.
An coinnlear or a bha boilsgeant
Mar dhiamond an cuil bhiodh dorch,
Cha bu leir ach a phairt e—
Rinn an smaladar 'n tras' dhoibh i balbh.

Thainig Garnail an fhionain
A dh' amharc air foin-lios na'n geug:
Thug a freumh a chraobh fhiachar
Air 'n robh meas b'fhiachar bha fialaidh do'n treud.
Tha i nis ann am Pharas
Fo bhla agus mheas oir as-sur,
Le braona' falluis a Gharnail,

'S gach la aig 'dhi gloir agus cliu.

Their luchd-aidich gun ghradh annt'
Nach d' fhuair 'na mheas aluinns' am blas:
Gu'n do labhair mi dana;
Ach reir mo chreidimhs' 'n tras' tha e ceart.

[TD 4]

Bu mhaith an cibear air treud thu,
'Stiuireadh tu 'n treud a biodh mall,
Toirt tuigs' agus leirsinn
Do'n chuid a bha 'n eis 'sa bha dall.

Stiuireadh tu an treud ud
Le eud air na cluaintean a 's fearr,
Bheireadh bainne do 'n oigridh,
'S biadh laidir do'n t-seors' leis am b'aill.
Bheireadh dhoibh nitheana diomhar,
'S glan chruithneachd 'm pailteas gu'n riar
As a chruaidh charaig mil dhoibh
'Am pailteas gu leor dhoibh gu'n diol.

B'e do thlachd a's do mhiann e,
Bhi 'gam biadhadh 's 'ga'n lianadh le lon,
'N cois na h-aibhne mar fhiona
Tha 'sruthadh bho'n Righ-chaithir-mhor.
B'e do mhiann dhoibh ri ol
An leor as na h-uisgeachan maith,
Choisgeas miannan na feola,
'S gach seors' anamhiann a tha stigh.

Aig cuilm agus ordugh
Bu bhoidheach a thaisbeanadh gaoil,
Dh'a 'n aois 'us dha 'n oigridh,
'N gaol brath'rail g'a thaisbeanadh saor.
Bhiodh na Cuiberinnean dubailt
Co dhiubh leis a chuid leis am b'aill;
'S fuigheal mor bhiodh air chul aig',
Do na chuid bha diultadh an slaint.

B'l marachd na'n steud
Le strian 'us diallaid 's each geal;
'Se 'n armachd an Righ,
Le clogaid, targaid, 's sgiath chum 'chath.'

[TD 5]

Suaic'neas foda 'na ghnuis,
Leine chaol 'us a grinn agus geal.
Coisbheart soisgeul na sith air,
Brogan riomhach tha ciatach 'us maith

O sibhse a tha gach la
Fo chibear soisgeul mar threud,
Deanaibh feum anns an la dheth
Mus sgar 'm bas sibh 'n cabhaig bho cheil
'S mu deireadh bhi a caoidh
Ri theagascg nach d'aom mar bu choir,
'S bhi air n-ur claoidh ann am piantan
Eadar chnamhan, 'us fheithean, 'us fheoil.

'Sann oirnn tha 'n druigheachd da rireadh,
'M feadh 's tha cothrom, 'us tim, agus slaint
'Sa spiorad a strigh ruinn,
Bhi ghna 'gabhair tim agus dail.
'Nuir tha an soisgeul ann 'n Sgire,
Le macmheanmain 's fein bi'dh iad bla';
'Cuir dochas mus crioch iad,
Gu'n toir 'n cib'ear iad sith'cht thar mhur lan.

'S mor a a mhisneachd an cibear,
Leis a Bhiobul 'se mhisneachd a's fearr,
Ach mhisneachd 's fearr dheth na tri dhuibh,
Bhi duinte ri Chriosd roimh na bhas.
'Se thachair dh'a Ionah,
Bha dhochas gu mor 'san luibh sgail;
Thaobh a cheann rinn e chnodach,
'Nuair dh' eirich an teas anns san la.

Ach bha miorbhuilean diomhar
Ann an suidheachadh riaghlaidh a ghras
Chnuimh 'na bhun gun 'chrion e,
'S teas ghaoth bho 'n ear thug a bhas.

[TD 6]

'Nuair tha 'n soisgeul 'go-nar fagail,
'Sa [?]asachadh mach as an tir;
Ionnan mar an luidh sgail ud,
Gu'n d'fhannaich air Ionah 'se cli.

O cuimhnich na thra air,
Sibhs' aig 'm bheil sgail os 'ur ceann,
'S dean'aibh feum anns an la deth,
Mu'n tig 'm bas oirbh 'n cabhaig 'sa ghleann.
'Feadh sa tha la na slaint ann,
'S tairgs' na'n grasan cho saor,
'S mun dean an cib'ear n-ur fagail,
'S gu'm fannaich san la, 's gu'm bi clith.

An lios a 's maisich le fluirean,
Leis 'n dubhlachd gu'n lub iad an ceann:
Mar sud d'a phlantanan urmhор,
Tha sud ciuirt 's ro-ghort dhoibh 'san am:

Ach tha gealladh ro-ghrasmhòr
Leis an Ti rinn a bearnsa le beum;
Sliochd an fhìrean nach faillig
'S nach fag E gu brath iad, 's nach treig.

O thoir dhomh tuigs' gu bhi 'g iarraidh,
Ach ni bhios chum criochan do ghloir.
'Se mo dhurachd 'us m' iarrtas
Dheth do sprutan bhi 'lionadh do chot.
Gu'n tig dheth 'n ungadh bha aig Samuel
Air Daibhidh a mhan b'e mo mhiann,
Air do mhac 'tha 'na t-aite,
'S nach cuireadh a h-aon ach Saul e 'sios.

O thoir dh'a gliocas a's grasan,
'S manntal an faidh 'thighinn a sios,
Bha air Elisha 'n uair dh' fhagadh
Aig Iordan e 'nam dh'a bhi trial.

[TD 7]

'Se nar creideamh, na dh'fhag sinn,
Gu'm b'e iarrtnas gu brach dh'a, 'sa mhiann,
Cuibhrionn dubailt do ghrasan,
'N dilib 's fhearr tha fo'n ghrian.

O thoir dh'a tuigs' gu bhi 'g iarraidh
'Na cheud iarrtnas an gliocas gach lo,
'S bhi 'na stiubhardachd fialaidh
Dha na phobull thug gradh dha cho mor.
'S rinn an roghainn a 's fearr dheth,
Bhrigh altrum 's fhas ris an uisg;
'S ma chaith 'n ungadh le gras air,
Bidh blath air gun dail agus meas.

O biodh a theagasc mar uisg dhoibh,
Tha taiseachadh sgríbean an fhonn;
No mar ur-dhealt na madainn,
Air a mhaoth-lus 'na luidh gu trom.
'Se na shioladair focail
'Ga fhrasadh 's 'ga sgapadh le fuaim;
'S ged rachadh deurach a mach leis,
Bi'dh aoibhneas toirt dachaидh na sguab.

'San dream tha fo churam,
Thoirt gu tric fo 'n glun gu cathair-ghras;
'Sa ghna cuir uisg ur air,
'S bi'dh dochas gur dlu thig am fas.
Le gaol ath'rail 'ga thaladh,
Le blaths 'ga tharruing 'n-ar n-uchd:
'S che 'n'eil mi m'fhiosaich, thig bla' air;
Mar ur-ros a gharaidh gu mhoch.